

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

An Gobha Ruadh agus Dòmhnall an Òir (2)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,085. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 781 corresponds to Litir 1,085.

Bha mi ag innse eachdraidh dhuibh à Làmh-sgrìobhainn Chnoc Mhoire no *The Wardlaw Manuscript*. Bha Dòmhnall MacAlasdair – sgalag òg aig a’ Ghobha Ruadh – air poit làn òir a lorg. Ach ghoid an Gobha Ruadh a’ phoit agus chuir e am falach i. Nuair a chaidh an dithis don àite far an do lorg Dòmhnall a’ phoit, cha robh sgeul oirre. ‘Cha robh ann ach aisling,’ thuirt an Gobha Ruadh.

Cha b’ urrainn don dithis an gnothach a chumail dìomhair. Chuala an ceann-cinnidh, Mac Shimidh, mu dheidhinn. Dh’iarr e air Dòmhnall MacAlasdair nochdadh air a bheulaibh.

‘An do lorg thu poit làn òir?’ dh’fhaighnich Mac Shimidh.

‘Lorg,’ dh’aidich Dòmhnall. Agus dh’inns e dha mar a thachair.

An uair sin, dh’iarr Mac Shimidh air a’ Ghobha Ruadh nochdadh air a bheulaibh.

‘A bheil fios agad dè thachair don phoit agus don òr?’ dh’fhaighnich an ceann-cinnidh.

‘Chan eil, gu dearbh,’ thuirt an gobha. ‘Chan eil càil a dh’fhios agam mun òr, ach gun d’ fhuair an nighean agam fàinne o Dhòmhnall MacAlasdair.’ Agus, le sin, thug e an fhàinne seachad mar thiodhlac don uachdaran. Bha an fhàinne **uabhasach fhèin** brèagha. Bha **dà làimh** snaighte oirre, agus crois. Bha Mac Shimidh cho toilichte leatha ’s gun robh i air a chorraig – mac an aba – fad a’ chòrr de a bheatha.

A dh’aindeoin ’s gun robh an ceann-cinnidh toilichte mun fhàinne, cha robh e fhèin no daoine eile dhen bheachd gun robh Gobha Ruadh ag innse na firinn. Chaidh an gobha a chur don phrìosan gus an aidicheadh e a chiont. Bha Dòmhnall MacAlasdair gu math cliùmhòr a-nise, agus thug daoine frith-ainm ùr dha – Dòmhnall an Òir. Bha daoine eòlach air mar ‘Dòmhnall an Òir’ gus an do chaochail e.

Fhad ’s a bha an Gobha Ruadh sa phrìosan anns a’ Mhanachainn, air a cheangal ris na ballachan le slabhraidhean iarainn, bha feadhainn an dùil gun aidicheadh e a mhèirle. Ach cha do dh’aidich. Bha sianar nighean aige, agus phòs tè dhiubh fear air an robh Fearchar Òg. Nise, dòigh air choreigin, fhuair Fearchar grèim air an òr – buinn luachmhor bho air feadh na Roinn Eòrpa. Thug e air a’ ghobha – athair-chèile – gun a bhith ag aideachadh càil mun ulaidh. Agus chaochail an Gobha Ruadh anns a’ phrìosan.

Dè rinn Fearchar Òg leis an òr? Uill, chaidh e fhèin is a bhean a Leitir Iù ann an Ros an Iar, far an robh Sasannaich ag obair ann an gnìomhachas iarainn. Bha

Fearchar dhen bheachd gum faigheadh e deagh phrìs air an òr an sin. Ach cha d' fhuair. Bha e aineolach mu a leithid agus reic e an t-òr air prìs ìosal.

Agus cò às a thàinig an t-òr anns a' chiad àite? Tha cuid dhen bheachd gur e stòras a bh' ann aig bean Mhic Shimidh, ginealach no dhà roimhe. Ghoid bana-shearbhant e agus chuir i ann am poit chrèadh e fon talamh. Bha i air a diteadh dhen eucoir. Mar pheanas, bha i gu bhith air a bàthadh ann an àite ris an cainte Poll na Pàirc. Bha i fodha dà thuras airson 's gun aidicheadh i a ciont. Le a làmhan, chomharraich i an t-àite san robh an t-òr, ach fhuair i bàs mus do lorg duine e. Bha sin gus an do lorg Dòmhnall an Òir e bliadhnaichean an dèidh làimhe.

* * * * *

Faclan na Litreach: Làmh-sgrìobhainn Chnoc Mhoire: *The Wardlaw Manuscript*; Clann 'ic Shimidh: *The Frasers of Lovat*; Leitir Iù: *Letterewe*.

Abairtean na Litreach: sgalag òg aig a' Ghobha Ruadh: *a young servant of the red-haired blacksmith*; chuir e am falach i: *he hid it*; cha b' urrainn don dithis an gnothach a chumail dìomhair: *the two [men] couldn't keep the matter secret*; chuala an ceann-cinnidh, Mac Shimidh, mu dheidhinn: *the clan chief, Fraser of Lovat, heard about it*; nochdadh air a bheulaibh: *to appear in front of him*; ach gun d' fhuair an nighean agam fàinne o X: *except that my daughter got a ring from X*; cho toilichte leatha 's gun robh i air a chorraig – mac an aba – fad a' chòrr de a bheatha: *so pleased with it that it was on his finger – ring finger – for the remainder of his life*; chaidh an gobha a chur don phrìosan gus an aidicheadh e a chiont: *the smith was sent to prison until he admitted his guilt*; thug daoine frith-ainm ùr dha – Dòmhnall an Òir: *people gave him a new nickname – Donald of the Gold*; air a cheangal ris na ballachan le slabhraidhean iarainn: *tied to the walls with iron chains*; dòigh air choreigin, fhuair Fearchar grèim air an òr: *in some way or other, Farquhar got hold of the gold*; thug e air a' ghobha – athair-chèile – gun a bhith ag aideachadh càil mun ulaidh: *he forced the smith – his father-in-law – not to admit anything about the treasure*; far an robh Sasannaich ag obair ann an gnìomhachas iarainn: *where English people were working in an iron [smelting] business*; gum faigheadh e deagh phrìs air an òr an sin: *that he would get a good price for the gold there*; reic e an t-òr air prìs ìosal: *he sold the gold at a low price*; air a diteadh dhen eucoir: *prosecuted for the crime*; mar pheanas, bha i gu bhith air a bàthadh ann an àite ris an cainte Poll na Pàirc: *as punishment, she was to be drowned in a place called the Pool of the Park*.

Puing-chànain na Litreach: Bha dà làimh snaighte oirre: *there were two hands carved on it. Why do we say dà làimh and not dà làmh? Because làmh is a feminine noun which is traditionally slenderised in the dual counting case, which is identical to the dative singular, but lenited (the lenition of an 'l' not being shown in writing). Similarly we say dà chluais for 'two ears', rather than dà chluas.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: Bha an fhàinne uabhasach fhèin brèagha: *the ring was incredibly beautiful.*

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA